



Teisteanais  
Nàiseanta  
PÀIPEAR EISIMPLEIR

S832/76/11

Gàidhlig  
Leughadh  
Gàidhlig Reading

Latha — Gun bhuinteanas

Ùine: — 1 uair agus 50 mionaid

---

**Comharran gu lèir — 30**

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* S 8 3 2 7 6 1 1 \*

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

*Tha colbh-beachd a' nochdadhd ann am pàipear ionadail san Eilean Sgitheanach gach seachdain. Tha e air a sgriobhadh le Catriona NicLeòid, a bhuineas dhan àite fhèin.*

Plàigh an t-Samhraidh?

- Thig iad nan dròbhan dhan Eilean Sgitheanach – gar sàrachadh, a' toirt oirnn uile ar cinn a thachas, agus a' dèanamh milleadh air feasgar brèagha samhraidh. Ach fuirich ort, a bheil thusa den bheachd...? Oh, duilich. An do thog thu ceàrr mi? Chan ann air meanbh-chuileagan a tha mi a-mach ach air luchd-turais a bhios a' taomadh a-steach don Eilean ann an 5 càraichean, air meanbh-bhusaichean agus nan 'carabhanaitichean' – sin facal ùr dhut! Tha na bogsaichean tiona, cugallach ud agus dràibhearan cianail, cunnartach aig an stiùir gu math pailt san latha an-diugh. Chan e an t-iongnadh ceart gu leòr, bhon a dh'haodadh tu taigh a thogail aig an aon phrìs ri seachdain ann an taigh-òsta air an Eilean! Nise, càit an robh mi? Aidh, siud mise. A' dràibheadh gu neo-chiontach gu m' obair nuair a chì mi biast de 10 charabhanait a' bogadaich sìos am bruach gam ionnsaigh... air taobh ceàrr an rathaid! Gu sealladh ormsa. Ma tha mi a' dol a thighinn beò às, feumaidh mi tòiseachadh sa bhad air an dùdach a bhruthadh agus a h-uile solas sa chàr a phriobadh. Agus dè nì iadsan a tha air bòrd 'bhana a' bhàis'? Smèididh iad rium mar gun do dh'aithnich iad mi no, nas miosa buileach, coimheadaidh iad orm mar gur mi a rinn a' mhearachd.
- 15 Gun teagamh, bidh seallaidean àlainn, ainmeil a' feitheamh air luchd-turais anns gach ceàrn den Eilean. Bhiodh aca ri siubhal fad is farsaing gus sreath bheanntan na bu bhrèagha na An Cuiltheann fhaicinn, Na h-Alpaichean beaga bòidheach againn fhèin. Chì thu iad nan seasamh mar luchd-faire am meadhan an Eilein – saighdearan ciallach, calma a chumas suil gheur air gach rud a ghluaiseas fodhpà. Tha ainmean orra a thogas ceistean annad cuideachd: Sgùrr 20 Alasdair... cò idir a bh' ann an Alasdair agus dè rinn e? Beinn na Cailllich – nach treun na Sgitheanaich nuair a ruigeas cailleachan am mullach? Blà-bheinn... nach biodh fallas a' sruthadh bhuat nan tòisicheadh tu air seo a shreap, a charaid? Ach feuch nach bi thu air do mhealladh. Dh'haodadh na saighdearan seo tionndadh nad aghaidh mura seall thu spèis is urram dhaibh mar a bu chòir.
- 25 Nise, chan eil mi airson 's gum bi thu den bheachd nach eil na Sgitheanaich taingeil airson gach sgillinn a dh'fhàgas luchd-tadhail anns na sporanan aca ach 's e a tha a' cur dragh ormsa mar a bhios na truaghain a tha seo a' dol craicte cho luath 's a ruigeas iad rathaidean an Eilein. Daoine foghlamaichte, glic nam beatha làitheil. An e an t-aidhear glan a tha a' toirt orra an cuid toinig a chall? Chan eil aca ach ri bò Ghàidhealach fhaicinn is i a' gabhail na 30 gréine air a' mhonadh agus thig an carbad aca gu stad gun rabhadh ann am meadhan an rathaid gun ghuth air an ùpraid a dh'adhbhraigheas seo. Leumaidh iad a-mach às le camara ùr, spaideil (tha a' bhò caran coma mun seo) airson dealbh a thogail agus airson a cluasan a shliobadh. Gu math tric, chan eil a' bhò buileach cho coma mun seo, mar a bhithear an dùil.
- Thàinig mi fhìn tarsainn air an dearbh shealladh an-uiridh 's mi a' siubhal sa chàr còmhla ris 35 an teaghlaich agam. B' fheudar dhuinn an càr agaинne a thoirt gu stad obann agus faodar a ràdh nach robh an duine agam cho sona ris an luchd-turais a bha a' gabhail tlachd ann am beatha an Eilein. Bhual e a làmh le brag air cuibhle-stiùiridh a' chàir agus rolaig e sìos an uinneag. Dè idir bha e a' dol a ràdh riutha? "Fàilte don Eilean Sgitheanach"? "Ur beatha don dùthaich"? "An dòchas gun còrd ur saor-làithean ribh"? Mmm, bha mi caran teagmhach gum 40 biodh e cho modhail sin. Dh'fhàs aodann dearg le fearg agus leig e às sgreuch aig àird a chlaiginn. Theich a' bhò aig peilear a beatha, a' dèanamh soilleir nach robh i airson a bhith ag argamaid. Cha robh an luchd-turais buileach luath gu leòr. "An dèanadh sibh sin ann am meadhan Milan, amadain gun chiall?" dh'èigh e. Stiùir e an càr agaинne seachad air càr an luchd-turais agus fuaim na h-einnsein ag innse dhaibh cho toilichte 's a bha e gun deach maill 45 a chur air. "Dadaidh, ciamar a bha fios agaibh gur ann à Milan a bha na daoine sin?" thàinig guth beag bho ar cùlaibh sa chàr. Nach miорbhaileach mar a gheibh clann dheth le ceist nach biodh inbheach idir airson faighneachd?

Uill, tha na meadhanan a-nis làn de dh'aithisgean mu àrdachadh àireamh luchd-turais a bhios a' tadhal agus a thaobh mar a tha an t-Eilean a' cur thairis. Gun teagamh, tha cliù an Eilein  
50 air sgaoileadh air feadh an t-saoghal agus tha an t-uabhas de dhaoine air an tarraig gu seallaidean eireachdail, eachdraidh inntinneach, agus na taighean-bìdh as fheàrr san dùthaich. Deagh rud, nach canadh tu? Tha feedhainn fiù 's ag ràdh nach bu chòir do dhaoine tighinn idir. Gun teagamh, tha an t-àite trang agus tha dìth ghoireasan air dragh adhbhchrachadh aig cuid de na seallaidean as tarraigiche far nach fhaighear àitean-pàircidh,  
55 taighean-beaga no srùbag. Ach tha aon rud cinnteach: chan eil na Sgitheanaich airson 's gum fuirich na daoine air falbh - bhiodh an t-Eilean mar fhàsach falamh.

Tha e doirbh a ràdh cò as coireach (agus cha chan mi nach dèanadh na Sgitheanaich fhèin e) ach tha cuid de dhaoine air na meadhanan sòisealta a chur gu feum gus toirt air daoine a chreidsinn gu bheil àiteachan mar Glumagan nan Sìthicéan - lochain bheaga aig bonn  
60 a' Chuiltheann - seunta agus os-nàdarra. Mar thoradh air seo, bidh na mìltean de luchd-turais air an tàladh dha na seallaidean seo... ach an uair sin a' faighinn a-mach gu bheil na h-iomhaighean a ghlac an aire breugach agus nach deach dath is solas annasach a chruthachadh ach le coimpiutair. Abair briseadh-dùil!

Obh obh, ge-tà, chan eil e doirbh an luchd-turais a mhealladh! Thig iad a-steach dhan oifis-  
65 fiosrachaидh mar threubh de mheanbh-chuileagan a' sìreadh fala. "A bheil Glumagan nan Sìthicéan fosgailte ceithir uairean fichead?" Tha, mura h-eil dragh ort a bhith a' strabhagearachd anns A' Chuiltheann san dorchadas! "A bheil trèana ann gu mullach Beinn na Cailllich?" 'Ille bhochd, ma bhios fiù 's bus ann gu bonn na beinne, bidh tu a' dèanamh glè mhath! Cha chuireadh e iongnadh orm "a' Chailleach" fhèin a chluinntinn 's i a' dèanamh  
70 lachan gàire shuas os an cionn...

Ach a dh'aindeoin amaideas cuid den luchd-turais agus a dh'aindeoin gach dragh a tha feedhainn dhiubh ag adhbhchrachadh air na rathaidean, tha sinne a cheart cho feumach orrasan 's a tha iadsan air comhairle agus taic bhuainne. Feumaidh sinn a bhith math dhaibh. Dè thachradh nan dèanadh iad suas an inntinn a dhol a dh'àiteinig eile len cuid  
75 charabhanaitichean? Cha bhiodh sgeul air na taighean mòra spaideil a thèid a thogail air an Eilean an uair sin. Agus dè idir a bhiodh againn ri gearain mu dheidhinn mura biomaid air ar glacadh air cùl sia carabhanaitichean agus dà charabhan air rathad beag lùbach feasgar brèagha samhraidh? Uill, a bharrachd air tuill san rathad, meanbh-chuileagan agus bàtaichean-aiseig...

**Ceistean**

Mura bi thu a' cleachdadhe fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadhe.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 1 gu 5.

1. Tha an sgrìobhadair a' bruidhinn air 'plàigh' san tiotal. Dè a' phlàigh air a bheil i a-mach?
2. Seall, le dà eisimpleir, mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadhe taghadh-facail gus a beachdan mun t-suidheachadh seo a dhèanamh soilleir.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 5 gu 14.

3. Tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir am beachd a th' aice air na 'carabhanaitichean' agus an fheadhainn a bhios gan dràibheadh. Seall mar a rinn i seo le bhith a' toirt iomradh air ìomhaigheachd, pearsanachadh agus uaim.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 15 gu 17.

4. Seall, le fianais, mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir gur e beanntan air leth sònraichte a th' anns A' Chuiltheann.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 17 gu 24 ('chì thu iad' gu 'mar bu chòir').

5. Tha ìomhaigh-leantainneach (gur e saighdearan a th' anns A' Chuiltheann) air a cleachdadhe anns a' phìos seo. Seall na tha an ìomhaigh seo a' nochdadhe dhuinn mun Chuiltheann.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 25 gu 28 (bho 'Nise, chan eil mi airson ...' gu 'rathaidean an Eilein.').

6. Mìnich mar a tha an seantans seo ag obair mar cheangal eadar argamaid an sgriobhadair chun a seo agus às a dhèidh.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 29 gu 33.

7. Seall mar a tha a' bhò Ghàidhealach air a cleachdadhe gus tòna aotrom a chruthachadh.

Coimhead air loidhnichean 34 gu 47.

8. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadhe dà dhiofar sgil-sgrìobhaidh airson faireachdainnean an duine aice a shealltann air an rathad. Dh'fhaodadh tu bualadh air ìoranas, structar seantans no taghadh-facail.

Coimhead a-rithist air loidhnichean 48 gu 55.

9. Dèan geàrr-chunntas air an fhiosrachadh mu àrdachadh àireamh an luchd-turais air an Eilean agus a' bhuaidh a tha aig sin. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas.

**Ceistean (a' leantainn)**

Coimhead a-rithist air loidhnichean 64 gu 70.

10. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir nach eil tuigse cheart aig an luchd-turais mu na goireasan agus beatha an Eilein. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air aoir, taghadh-facail no ìomhaigheachd

2

Thoir sùil air an teacsa gu lèir.

11. Tha an sgrìobhadair air stoidhle sgrìobhaidh pearsanta a chur gu feum san earrainn. Le bhith a' cleachdad eisimpleirean, beachdaich air cho èifeachdach 's a tha seo.

2

12. Beachdaich air cho èifeachdach 's a tha an tiotal airson sealladh a thoirt dhuinn air na tha rì tighinn san earrainn.

2

13. (a) Nad bheachdsa, dè na prìomh amasan a th' aig an sgrìobhadair?

2

- (b) Nad bheachdsa, dè cho soirbheachail 's a tha an sgrìobhadair ann a bhith a' coileanadh nan amasan seo? Cleachd eisimpleirean a bheir taic dha do fhreagairt.

2

**[CRÌOCH A' PHÀIPEIR EISIMPLEIR]**



Teisteanais  
Nàiseanta  
PÀIPEAR EISIMPLEIR

S832/76/11

Gàidhlig  
Leughadh  
Gàidhlig Reading

## Marking Instructions

---

These marking instructions have been provided to show how SQA would mark this specimen question paper.

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA should be clearly acknowledged as the source. If it is to be used for any other purpose, written permission must be obtained from [permissions@sqa.org.uk](mailto:permissions@sqa.org.uk).

Where the publication includes materials from sources other than SQA (ie secondary copyright), this material should only be reproduced for the purposes of examination or assessment. If it needs to be reproduced for any other purpose it is the user's responsibility to obtain the necessary copyright clearance.

## General marking principles for Higher Gàidhlig Reading

*Always apply these general principles. Use them in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidates' responses.*

- (a) Always use positive marking. This means candidates accumulate marks for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding; marks are not deducted for errors or omissions.
- (b) If a candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (c) Candidates gain marks for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the writer's use of language.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation.
- (e) Accept answers other than those in the marking instructions, as long as they are relevant and appropriate. Award marks according to the accuracy and relevance of the candidate's response.
- (f) In the final question, candidates gain marks for their ability to infer and summarise the ideas of the whole text.
- (g)
  - (i) For questions that ask simply 'Carson...', candidates must give a brief, accurate response/name.
  - (ii) For questions that ask candidates 'Minich...' or ask 'Ciamar...', they must identify cause and effect and/or make relationships between things clear.
  - (iii) For questions that ask candidates 'Seall mar a tha...', they must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include, for example word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques.
  - (iv) For questions that ask 'Carson, nad bheachd...', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

## Stiùridhean Comharrachaidh

### Leughadh

#### Sgeama ceartachaidh

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1.		<ul style="list-style-type: none"> <li>Luchd-turais</li> <li>Carbadan luchd-turais (Na gabh ri meanbh-chuileagan)</li> </ul>	1	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaидh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgriobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.
2.		<p>Taghadh-facail</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha faclan mar 'sàrachadh' 'dròbhan', 'ar cinn a thachas' agus 'a' dèanamh milleadh' a' nochdadh dhuinn gu bheil i a-mach air suidheachadh a tha a' dèanamh dragh dhi.</li> <li>Tha am falal 'a' taomadh' a' dèanamh soilleir dhuinn gu bheil i den bheachd gu bheil <u>cus</u> luchd-turais a' tighinn dhan Eilean.</li> <li>Tha an sreach de dhiofar fhaclan airson carbadan - 'càraichean'/'meanbh-bhusaichean'/'carabhanaitichean' - a' toirt ort a chreidsinn gu bheil na rathaidean loma-làn - aon de na gearanan aig an sgriobhadair.</li> </ul>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3.		<p>lomhaigheachd</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha i a' fàgail air na carabhanaitichean gur e 'bogsaichean tiona, cugallach' a th' anna airson sealltainn nach eil mòran susbaint no dòn anna.</li> </ul> <p>Pearsanachadh/lomhaigheachd</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' dràibheadh gu h-obair gu 'neochiontach', tha 'biast' de charabhanait a' tighinn ga h-ionnsaigh agus tha e mar gur ann a' sabaid an aghaidh uilebheist a tha i.</li> </ul> <p>Pearsanachadh</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>'a' bogadaich sìos an rathad' '- tha a' charabanait an ìre mhath a' gluasad leatha fhèin mar nì beò - chan eil smachd sam bith aig an dràibhear oirre.</li> </ul> <p>Uaim</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>'cianail, cunnartach' Tha i a' cleachdad uaim airson daingneachadh nach eil na dràibhearan aig ìre.</li> </ul> <p>lomhaigheachd/Uaim</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>'bhana a' bhàis' - tha an uaim a' tarraing aire do cho cunnartach 's a tha a' charabhanait - tha seo a' toirt dealbh dhuinn de rud a dh'fhaodadh daoine a mharbhadh air an rathad.</li> </ul>	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stìuireadh a bharrachd
4.		<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha i ag ràdh gum biodh aig luchd-turais ri siubhal 'fad is farsaing' airson beanntan nas brèagha na An Cuiltheann fhaicinn agus mar sin, bidh iad tarraingeach dhaibh bhon a tha sreach bheanntan mar seo a-mach às an àbhaist.</li> <li>Tha i a' dèanamh coimeas eadar An Cuiltheann agus na h-Alpaichean. Tha na h-Alpaichean ainmeil air feadh an t-saoghail. Tha an sgriobhadair a' moladh gu bheil An Cuiltheann airidh air inbhe cuideachd.</li> </ul>	2	
5.		<ul style="list-style-type: none"> <li>'Chì thu iad nan seasamh mar luchd-faire am meadhan an Eilein, a' cumail sùil air gach rud a ghlaiseas fodhpà' - tha seo a' sealltainn suidheachadh nam beann - tha iad ann an àite cudromach far an tèid aca, mar gum biodh, air sùil a chumail air a h-uile càil a tha a' tachairt.</li> <li>'Saighdearan ciallach, calma' - tha iad an sàs ann an cogadh air choreigin - a' feuchainn ri sàbhailteachd an Eilein a dhòn. Tha iad 'ciallach, calma' - ciallach bhon a tha iad air a bhith ann bho riamh agus calma - cho mòr/làidir is a tha iad.</li> <li>Tha cuid de dh'ainmean nam beann a' toirt ort a chreidsinn gu bheil na beanntan làidir, treun mar shaighdearan: 'Sgùrr Alasdair' - ainm fireannaich.</li> <li>'Dh'fhaodadh na saighdearan seo tionndadh nad aghaidh' - Tha an sgriobhadair a' toirt rabhadh seachad nach bu chòir do dhaoine a bhith a' sreap sa Chuiltheann gun deasachadh agus comhairle oir dh'fhaodadh na 'saighdearan' a bhith cunnartach.</li> <li>'mura seall thu spèis is urram dhaibh mar a bu chòir.' - Tha 'spèis is urram' a' sealltainn gu bheil an sreach bheanntan air a mheas mar riaghlairean cudromach agus nach bu chòir do dhaoine seo a dhiochuimhneachadh - tha An Cuiltheann (na saighdearan) a' riaghadh beatha an Eilein.</li> </ul>	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6.		<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha na faclan 'Nise, chan eil mi airson 's gum bi thu den bheachd nach eil na Sgitheanaich taingeil airson gach sgillinn a dh'fhàgas luchd-tadhail' a' ceangal air ais ris a' chiad pharagraf (an luchd-turais is na trioblaidean a bhios iad ag adhbharachadh) leis gu bheil e a' sealltainn gu bheil taobh eile air a' ghnothach.</li> <li>Tha na faclan 'mar a bhios na truaghain a tha seo a' dol craicte cho luath 's a ruigeas iad rathaidean an Eilein' ceangailte ris na ri tighinn nuair a tha an sgrìobhadair ag innse mu mar a dh'èirich dhi fhèin nuair a thachair i air luchd-turais anns a' chàr.</li> </ul>	2	
7.		<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha a' bhò 'a' gabhail na grèine' mar gun robh ise cuideachd air saor-làithean. Tha seo a' toirt togail don earrainn le bhith a' sealltainn gu bheil an sgrìobhadair ri spòrs no ri àbhachdas.</li> <li>Tha a' bhò coma mun chamara - chan eil ùidh aice ann an dealbhan - tha i cho cleachdte ri luchd-turais. Tha seo mar gum biodh a' bhò fhèin den bheachd gu bheil an luchd-turais góras.</li> <li>Chan eil a' bhò 'buileach cho coma' mun t-slìobadh cluaise a nì an luchd-turais. Gabhaidh i ris na dealbhan ach tha fiù 's a' bhò a' tuigsinn nuair a tha an luchd-turais air a dhol ro fhada. Tha seo èifeachdach ann a bhith a' sealltainn gu bheil a' bhò a' faireachdann an aon rud ri muinntir an Eilein mun luchd-turais.</li> <li>'Theich a' bhò aig peilear a beatha... ag argamaid.' Tha a' bhò a' tuigsinn nas fheàrr na an luchd-turais cuin a bu choir teicheadh. Tha e èibhinn gu bheil barrachd toinisg aig a' chrodh a bhuineas don Eilean na tha aig cuid den luchd-turais.</li> </ul>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
8.		<p>A dhà a-mach à:</p> <p>ìoranas</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>‘faodar a ràdh nach robh an duine agam cho toilichte... ’s a bhithean an dùil’ -tha an sgrìobhdair a’ cleachdadh àicheamhas (litotes/understatement) airson sealltainn cho feargach ’s a bha an duine aice.</li> <li>‘cho toilichte ’s a bha e’ - Tha seo a’ toirt oirnn a bhith a’ tuigsinn nach eil e toilichte idir. Tha aoir air a cleachdadh airson gun tuig sinn nach eil e toilichte idir.</li> </ul> <p>Structar seantans</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>‘Dè idir bha e a’ dol a ràdh riutha? ‘Fàilte don Eilean Sgitheanach?’ ‘Ur beatha don dùthach?’ ‘An dòchas gun còrd ur saor-làithean ribh?’ Tha sreath de cheistean reatoraigeach ann airson beagan teannachaидh a thoirt air an t-suidheachadh agus airson a bhith a’ toirt air an leughadair a bhith a’ feitheamh airson fuasgladh/airson sealltainn gu bheil an sgrìobhadair a’ tuigsinn cho feargach ’s a tha e.</li> <li>Tha còmhradh dìreach ann aig na h-amannan as cudromaiche airson innse don leughadair cho feargach ’s a tha e, ‘An dèanadh tu sin...?’</li> </ul>	2	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
	<p>Taghadh-facail</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• ‘Bhuail e a làmh le brag’ - tha i a’ dèanamh soilleir gu bheil e feargach mun t-sealladh air a bheulaibh.</li> <li>• ‘Mmm’ - tha seo neo-fhoirmeil airson sealltainn gu bheil an sgriobhadair caran eòlach air an duine aice agus a’ chainnt a dh’fhaodadh e a chleachdadh.</li> <li>• ‘leig e às sgreuch aig àird a chlaiginn’ - tha na faclan a’ sealltainn dìreach cho fiadhaich ’s a tha e agus mar a rinn e fuaim nuair a dh’èigh e.</li> <li>• ‘Stiùir e an càr againne seachad air càr an luchd-turais agus fuaim na h-einnsein ag innse dhaibh cho toilichte ’s a bha e. Tha fuaim uabhasach na h-einnsein a’ sealltainn nach robh e toilichte idir.</li> </ul>		
9.	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha barrachd dhaoine air tighinn bhon a tha an t-Eilean gu tric air a mholadh.</li> <li>• Tha aithisgean a-nise ag innse gu bheil an t-àite ro thrang.</li> <li>• Chan eil gu leòr de ghoireasan cudromach aig cuid de na seallaidean ainmeil.</li> <li>• Dh’fhaodadh an t-Eilean a dhol na fhàsach mura tig an luchd-turais ann.</li> </ul>	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
10.		<p>Aoir</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha an luchd-turais a' faighneachd cheistean agus tha an sgriobhadair fhèin gam freagairt ann an dòigh èibhinn. 'A bheil Glumagan nan Sithichean fosgailte...? 'A bheil trèana ann gu mullach Beinn na Caillich?' - Tha an sgriobhadair a' sealltainn nach eil an luchd-turais a' tuigsinn nach eil na h-àiteachan seo a' fosgladh agus a' dùnadh agus gur e seallaidhean nàdarra a th' annta.</li> </ul> <p>Ìomhaigheachd</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>'mar threubh de mheanbh-chuileagan a' sìreadh fala' - dìreach mar a bhios na meanbh-chuileagan, tha an luchd-turais uile a' nochdad san àite aig an aon àm agus a' cur dragh air daoine le ceistean góirach/tha an t-uabhas de luchd-turais a' tighinn a-steach don oifis aig an aon àm gun cus fios aca dè tha iad a' déanamh no ag iarraidh. /Tha aibheiseachadh (hyperbole) air a chleachdadh gus sealltainn mar a tha iad a' gluasad/an àireamh dhiubh a th' ann.</li> <li>'a' Chailleach' fhèin a chluinntinn a' déanamh lachan gàire' - tha a' bheinn air tighinn beò shuas gu h-àrd agus tha an luchd-turais cho aineolach 's gu bheil a' bheinn fhèin a' tarraing asta.</li> </ul> <p>Taghadh-facail</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>'Ach obh, obh, chan eil iad doirbh am mealladh' - tha an sgriobhadair an ìre mhath a' crathadh a cinn is i a' smaoineachadh air cho góirach 's a tha an luchd-turais.</li> <li>'strabhaigearachd' - facal èibhinn airson sealltainn gum biodh an luchd-turais às an ciall seo a dhèanamh san dorchadas/tha am facal a' toirt seachad a' bheachd gu bheil iad a' gluasad gun amas ceart aca air càit a bheil iad a' dol no Carson.</li> </ul>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stìuireadh a bharrachd
11.		<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha an sgriobhadair a' cleachdadhbhoidh mar gum biodh i a' còmhradh gu nàdarra ris an leughadair: 'Nise, càit an robh mi?' Nise, chan eil mi airson 's gum bi thu den bheachd...' Tha e èifeachdach bhon a tha seo a' toirt tòna neo-fhoirmeil don earrainn. (Gabh ri eisimpleirean freagarrach eile)</li> <li>'Blà-bheinn... nach biodh fallas a' sruthadh bhuat nan tòisicheadh tu air seo a shreap, a charaid?' Tha i a' cluich le ciall fhaclan. Tha e èifeachdach bhon a tha seo a' toirt tòna spòrsail don earrainn.</li> <li>'Agus dè idir a bhiodh againn ri gearain mu dheidhinn mura biomaid air ar glacadh...?' Tha tòna fèin-mhagaidh aice agus àbhachdas an seo. Tha an sgriobhadair a' sealltainn gu bheil i fhèin agus an leughadair san aon suidheachadh - (gu bheil aca ri dèiligeadh ri luchd-turais air an Eilean).</li> </ul>	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaидh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgriobhadair cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.
12.		<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha am falal 'plàigh' a' toirt oirnn smaoineachadh gu bheil an earrann gu bhith mu dheidhinn tinneas/trioblaid a tha a' sgapadh anns an t-samhradh. Tha sinn a' faighinn a-mach mu na duilgheadasan a tha turasachd ag adhbharachadh anns an Eilean.</li> <li>Tha a' mheanbh-chuileag a tha na plàigh anns an t-samhradh, air a cleachdadhbhoidh mar mheatafor airson nan trioblaid a tha luchd-turais ag adhbharachadh. Tha an tiotal mar sin gar deasachadh airson seo.</li> <li>Tha an comharra-ceiste a' nochdadh dhuinn gu bheil dà thaobh air an t-suidheachadh a dh'fheumas a bhith air a sgrùedadh.</li> </ul>	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaидh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgriobhadair cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.
13.	(a)	Eisimpleirean: <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha i airson aire a thoirt air na buannachdan agus air a' chron a tha an lùib turasachd anns an Eilean Sgitheanach (1)</li> <li>Tha i airson dearbhadh gum feum an sluagh fàilte a chur air luchd-turais ma tha eaonamaidh an eilein gu bhith fallain.(1)</li> </ul>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
13.	(b)	<ul style="list-style-type: none"> <li>Eisimpleirean pearsanta de chron mar eisimpleir, cunnart agus bacadh air na rathaidean.</li> <li>Eisimpleirean air mar a tha an t-eilean a' fulang mar eisimpleir, an t-àite tuilleadh is trang agus dìth ghoireasan.</li> <li>Tha an sgriobhadair a' toirt rabhadh air mar a bhiodh an eaconamaidh a' tuiteam às a chèile mura biodh an luchd-turais ann: 'Cha bhiodh sgeul air na taighean mòra spaideil a thèid a thogail air an Eilean an uair sin.'</li> <li>Tha an sgriobhadair ag aideachadh gu bheil muinntir an àite 'a cheart cho feumach orrasan 's a tha iadsan air comhairle agus taic bhuainne.' - tha feum aig muinntir an àite agus luchd-turais air a chèile.</li> </ul>	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaидh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgriobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

[END OF SPECIMEN MARKING INSTRUCTIONS]